

Tha Clach, Muir is Adhar na ghoireas foghlaim le beachdan airson clann is daoine òga a bhith a' gabhail pàirt anns na togalaichean agus na h-àiteachan mun cuairt orra.



Tha Clach, Muir is Adhar na phròiseact airson Latha nan Dorsan Fosgailte 2019 a tha air a lìbhrigeadh le Urras Catharra na h-Alba. Fhuair am pròiseact seo pàirt-mhaoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba agus bho Leader na Coimhearsnachd Eòrpaich airson Earra-Ghàidheal agus nan Eileanan an Iar 2014-2020

# Mun ghoireas seo

Tha an goireas foghlaim seo ag amas air clann is daoine òga a bhrosnachadh gus ùidh a ghabhail anns na togalaichean agus na h-àiteachan mun cuairt orra. Tha trì gnìomhan anns a' phasgan foghlaim seo, a chuidicheas com-pàirtichean gus a bhith mothachail air na structaran togte a tha a' cruthachadh dearbh-aithne catharra ionadail agus gus faireachdainn de sheilbh a' brosnachadh tro bhith a' sgrùdadh àiteachan ionadail ann an dòigh spòrsail. Chaidh an goireas foghlaim seo a chuir ri chèile le Urras Catharra na h-Alba gus taic a thoirt dhan phròiseact Clach, Muir is Adhar - iomairt a tha air a maoineachadh le LEADER gus 30 bliadhna de Latha nan Dorsan Fosgailte a chomharrachadh.

## Clàr-innse

Liosta-dearbhaidh nan goireasan .....	2
Builean ionnsachaidh .....	3
<b>Gnìomhan</b> .....	4
Eacarsaich tòiseachaidh .....	5
1. Dè dh'fhàgas an t-àite seo àraidh? .....	6
2. A' cur fòcas air an rud air a bheil sinn eòlach .....	7
3. (Ath)Dealbhadh àiteachan .....	8
Roghainnean airson diofarachadh .....	9
Na h-ath cheuman .....	10

## Liosta-dearbhaidh nan goireasan

- Clò-bhvail dealbhan de thogalaichean san sgìre ionadail agaibh
- Mapa den sgìre ionadail agaibh - cho mòr 's a ghabhas
- Nòtaichean steigeach
- Pinn-comharrachaidh, crèidheanan
- Pàipear dathach
- Siosar
- Pinn
- Glaoth
- Pasgan nan dealbhan
- Pasgan nan rubaigeidhean (rubblings)
- Pasgan nan ceistean

(Iuchdaich a-nuas agus clò-bhvail aig [bit.ly/StoneSeaSky](https://bit.ly/StoneSeaSky))

# Builean ionnsachaidh

Chaidh na gnìomhan seo a dhealbhadh gus cothroman ionnsachaidh cruthachail a thoirt seachad a tha freagarrach airson an dàrna agus treas ìre den Churraicealam airson Sàr-mhathais. Tha na gnìomhan seo eadar-chuspaireil, a' gabhail a-steach nan roinnean curraicealaim a leanas: litearrachd, eòlas sòisealta, slàinte agus sunnd, ealain chruthachail agus saidheans.

- **Bidh sgoilearan comasach air an àrainneachd ionadail aca a dheasbad leis an co-aoisean, a' co-roinn an cuid eòlais air an àrainneachd thogte gus am bi tuigse cho-roinnte aca mu àite**

Nvair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile, 's urrainn dhomh freagairt ann an dòighean ionnsachaidh a rèir mo shuidheachaidh, a' sealltainn gu bheil mi a' cur luach air beachdan dhaoine eile agus gan cleachdadh gus cur ri mo smaoinneachadh

## **Litearrachd agus Beurla/Gàidhlig 2-02a**

An dèidh mo sgìre ionadail a rannsachadh, 's urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad mu dheidhinn diofar àitean airson fuireach, obair agus fois, agus àitean inntinneach airson tadhal

## **Litearrachd agus Beurla/Gàidhlig 2-10a**

Tha mi mothachail air m' fhaireachdainnean is comasach an cur an cèill, agus tha mi a' fàs comasach air bruidhinn mun deidhinn.

## **Slàinte agus Sunnd 2-01a**

Tha mi a' faighinn misneachd nvair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh m' àite ionnsachaidh. 'S urrainn dhomh rudan a chur an cèill ann an dòigh shoilleir, bheothail agus tha mi ionnsachadh goireasan freagarrach a thaghadh agus an cur ann an òrdugh neo-eisimeileach.

## **Eòlas Sòisealta 2-10**

Tha mi a' cur luach air na cothroman a tha agam caraidean a dhèanamh is a bhith mar phàirt de bhuidheann ann an diofar shuidheachaidhean.

## **Slàinte agus sunnd 2-14a**

- **Faodaidh sgoilearan eadar-obrachadh leis an àrainneachd thogte ionadail aca tro sgrùdadh inntinneach air a chruth (le sgeidsichean, rubaigeidhean, ceistean)**
- **Bidh sgoilearan comasach air atharrachaidhean a dhealbhadh airson togalaichean ionadail a th' ann mar-thà no togalaichean ùra a dhealbhadh dhan choimhearsnachd**

Le diofar seòrsa brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainn a chur an cèill tro obair ann an ealan agus dealbhadh

## **Ealain Chruthachail 2-05a**

Is urrainn dhomh obair a chruthachadh is a thaisbeanadh a' sealltainn mar a tha mo sgìl a' fàs a thaobh a bhith a' cleachdadh nan eileamaidean agus nam bun-bheachdan lèirsinneach.

## **Ealain Chruthachail 2-03a**



# Builean ionnsachaidh

- Bidh sgoilearan comasach air mìneachadh carson a tha iad air atharrachaidhean a mholadh airson togalaichean ionadail, le aire shònraichte air feumalachdan bòidhchead, àrainneachd agus/no coimhearsnachd

Le bhith a' beachdachadh air eisimpleirean far a bheil lùth air a ghleidheadh, 's urrainn dhomh am bun lùtha aithneachadh, mar a tha e air aiseag, agus dòighean air call lùth a lùghdachadh

## Saidheans 2-04

Tro bhith a' rannsachadh bhunan lùth nach gabh ùrachadh, 's urrainn dhomh innse mu mar a tha iad air an cleachdadh ann an Alba an-dìugh, agus beachd fiosraichte a chur an cèill mu na buaidhean a thaobh an cleachdadh san àm ri teachd

## Saidheans 2-04a

'S urrainn dhomh mìneachadh mar a tha feuman buidhne nam choimhearsnachd ionadail a' faighinn taic

## Eòlas Sòisealta 2-16a



# Gnìomhachdan

Anns a' ghoireas foghlaim seo, tha eacarsaich tòiseachaidh a thaobh sunnd, air a leantainn le trì gnìomhachdan a tha ag amas air clann a bhith a' gabhail ùidh is pàirt anns an àrainneachd thogte. Faodaidh luchd-foghlaim na trì gnìomhan a libhrigeadh às dèidh a chèile, no roghnachadh dìreach aon no dhà de na gnìomhan a tha air am moladh a libhrigeadh. Ach, thathar a' moladh gun tòisich sibh leis an eacarsaich tòisichidh a thaobh sunnd agus le Gnìomh 1 (Dè dh'fhàgas an t-àite seo àraidh?), oir tha iad seo nan dòighean èifeachdach gus deasbad mun dualchas thogte ionadail a thòiseachadh.

**Nòta:** Tha rannsachadh ann am bùth-obrach, còmhla ri sreathan eile de ghnìomhachd a rinn Urras Catharra na h-Alba mar phàirt den phròiseact Dualchas Eadar-mheasgte againn, a' nochdadh gum faod cleachdadh an fhacail 'dualchas' a bhith na bhacadh air a bhith a' dol an sàs leis an àrainneachd thogte. Dh'fhaodte nach bi luchd-foghlaim ag iarraidh am facal 'dualchas' a chleachdadh anns na gnìomhachdan seo. Is dòcha gum bi na co-fhaclan (synonyms) a leanas feumail:

Cuimhneachain air àiteachan

Sgeulachdan mu na h-àiteachan againn

Eòlas air agus ann an togalaichean ionadail

Seann thogalaichean


## Eacarsaich tòisichidh a thaobh sunnd

Airson a bhith a' coileanadh gu cruthachail, feumaidh ùidh a bhith aig na sgoilearan ann agus feumaidh iad a bhith brosnachail a thaobh ionnsachadh. Tha na h-eacarsaichean tòiseachaidh gu h-ìosal ro chudromach airson soirbheas nan gnìomhachdan agus bidh iad a' stèidheachadh faireachdainn de cho-obrachadh agus taic anns a' bhad. Tha sinn air ionnsachadh gu bheil càileachd obair nan sgoilearan dlùth cheangailte ris an ìre de chom-pàirteachas gnìomhach as urrainn dhuinn stèidheachadh sa chiad 15 mionaidean de ghnìomh sam bith.


---

**A' cur an aithne a chèile:** Tòisich le bhith a' cur daoine an aithne a chèile, le sgoilearan ag ràdh dè an t-ainm a th' orra agus ag ràdh aon rud mun deidhinn fhèin. Bu chòir cuideam a chur air co-obrachadh agus air luach na chuireas a h-uile duine ris.

**Co-obrachadh:** Iarr air na sgoilearan iad fhèin a chur air dòigh ann am beagan òrdughan eadar-dhealaichte: ann an òrdugh àirde bhon neach as àirde chun an neach as lugha, ann an òrdugh mìos am breith bhon Fhaoilleach chun na Dùbhlachd, gus daoine leis an aon dath as fheàrr leotha a lorg, agus gus na daoine aig a bheil an aon bhiadh as fheàrr leotha a lorg. Thoir a-steach bun-bheachd na h-àrainneachd togte agus iarr air sgoilearan daoine eile a lorg a tha a' fuireach san aon seòrsa taigh riutha. Thoir a-steach beagan fhaclan co-cheangailte ri togalaichean ionadail (dealachd/detached, leth-dhealaichte/semi-detached is msaa). Cuir air dòigh beagan deasbaid le taic mu na daoine leis a bheil na sgoilearan a' fuireach, mun t-seòrsa taigheadais a tha nas cumanta san sgìre aca agus mu na togalaichean eile a chì iad.



**Tuigse Lèirsinneach agus Fiosaigeach:** Cuir na sgoilearan ann an diofar bhuidhnean agus iarr orra togalach a chruthachadh, airson fuireach ann, a' cleachdadh am bodhaigean a-mhàin. Tro dheasbad agus tro bhith a' feuchainn is ag ionnsachadh bho mhearachdan, bu chòir do na sgoilearan obrachadh a-mach de na h-eileamaidean a bhiodh riatanach (mullach, ballachan, doras is msaa) agus co-obrachadh ri chèile gus seo a shealltainn gu lèirsinneach. Iarr air gach buidheann an obair aca a thaisbeanadh dhan chlas. Thoir a-steach prìomh bhun-bheachd a' chathroim foghlaim seo: an ceangail againn ris an àrainneachd thogte agus mar a tha sinn a' fuireach na broinn.



1

## Dè dh'fhàgas an t-àite seo àraidh?

Tha an gnìomh seo na dheasbad le taic a thaobh dualchas togte ionadail. Tha e ag amas air daoine a chuideachadh gus smaoinichadh mu na togalaichean agus na h-àiteachan a tha timcheall orra.



MIONAIDEAN

Cuir tòrr dhealbhan de thogalaichean ionadail air ballachan an àite far a bheil a' cumail na bùth-obrach. Agus cuir mapa mòr den sgìre ionadail agaibh air an làr no sgaoil mapaichean meadhanach mòr den sgìre ionadail agaibh do bhuidhnean de sgoilearan. Cuir air dòigh deasbad mun sgìre ionadail agaibh, le fòcas air togalaichean a tha na sgoilearan a' meas cudromach a thaobh dearbh-aithne ionadail.


### Moladh airson ceistean a dh'fhaodadh tu cur

Seall air na dealbhan de na diofar thogalaichean an seo air na ballachan. Dè a chiad àite a smaoinicheas tu air nuair a smaoinicheas tu air [ainm an àite]? A bheil e air a' bhalla no an do chaill sinn e?

Dèan liosta de na togalaichean air an tug com-pàirtichean iomradh, a' toirt aire shònraichte dhan fheadhainn a thog barrachd air aon uair. Comharraich far a bheil na togalaichean sin air mapa na sgìre ionadail agaibh; beachdaich air slighean a chomharrachadh eadar na togalaichean gus faicinn far a bheil na togalaichean sin an coimeas ri chèile. Iarr air com-pàirtichean sgrìobhadh sìos air nòtaichean steigeach carson a thagh iad na togalaichean a thagh iad; cuir iad seo air a' mhapa le teip.

### Moladh airson ceangal gus gluasad air adhart ris na h-ath ghnìomhan

“Mar sin is iad seo na togalaichean a thuit a' mhòr-chuid agaibh a tha a' dèanamh suas an dealbh de [ainm-àite] nur cinn - seo an ìomhaigh agaibh den àite far a bheil sinn. Tha sinn a' dol air cuairt a-nis airson coimhead air an sgìre ionadail againn agus gus sùil nas dlùithe a thoirt air na togalaichean seo. Bheir mi dhuibh beagan ghnìomhan beaga ri dhèanamh rè na cuairt againn a chuidicheas sibh gus smaoinichadh air togalaichean san sgìre ann an dòighean ùra! Nuair a thig sinn air ais, tha sinn a' dol a choimhead air mar as urrainn dhuinn na togalaichean seo a dhèanamh nas inntinniche is nas fheàrr dhan àrainneachd, mar sin, bu chòir dhut co-dhùnadh dè an togalach a tha thu ag iarraidh atharrachadh fhad 's a bhios sinn a-muigh”



2

## A' cur fòcas air an rud air a bheil sinn eòlach

'S e a th' anns a' ghnìomh seo ach cuairt san sgìre ionadail, le sreath de ghnìomhan beaga agus de chòmhradh buidhne neo-fhoirmeil. 'S e an t-amas a bhith a' brosnachadh dhaoine gus fòcasadh air an àrainneachd làitheil aca agus a bhith a' coimhead air seo ann an dòigh eadar-dhealaichte.



MIONAIDEAN


Ma tha luchd-taic/luchd-foghlaim gu leòr ann, cuir an clas ann am buidhnean beaga de 4-5 daoine. Bu chòir gach buidheann trì togalaichean a thaghadh air an tadhail iad. Bu chòir gach ball den bhuidhinn peansail agus crèidhean fhaighinn. Bu chòir gach sgoilear pasgan Dealbhan, Rubaigedhean agus Ceistean fhaighinn (luchdaich a-nuas agus clò-bhuail iad seo aig [bit.ly/StoneSeaSky](http://bit.ly/StoneSeaSky))

Rach do na trì togalaichean a thagh a' bhuidheann còmhla riutha. Aig gach togalach, broснаich com-pàirtichean gus pàirt a ghabhail san làraich aca le bhith a' cleachdadh pasganan Dealbhan, Rubaigedhean agus Ceistean. Cuideachd, dèan soilleir far a bheil a' bhuidheann an coimeas ris an àite tòiseachaidh aca agus ri togalaichean eile. Tha seo a' daingneachadh an togalach mar cheann-uidhe ann fhèin agus mar phàirt de lìonra de structaran a tha a' sònrachadh an àite. Fhad 's a bhios sgoilearan/daoine a' dèanamh sgeidsichean agus rubaigedhean, dh'fhaodadh tu còmhradh a thòiseachadh leotha gus an cuideachadh le cnuasachadh nas doimhne air na tha mun cuairt orra agus le bhith a' toirt bheachdan dhaibh airson na liosta cheistean aca.

### Dòighean gus còmhradh a thòiseachadh

- Brosnaich daoine a bhith a' coimhead air an togalach agus a' co-dhùnadh dè na pàirtean den togalach a tha inntinneach – vinneagan mòra no beaga, obair-cloiche, turaid, pàirc-chàraichean mhòr.
- Faighnich dè an t-eòlas a th' aca air an togalach – an robh iad anns an togalach? Mur eil, a bheil iad airson a dhol a-steach? An do choimhead iad a-mach tro na h-vinneagan sin agus am faca iad gu bheil na togalaichean eile faisg air làimh a' coimhead eadar-dhealaichte?
- Faighnich de chom-pàirtichean na tha e a' cur ri cruth-tìre na sràide – a bheil e a' cur fàilte air daoine? A bheil e rud beag eagallach? A bheil an cruth-tìre timcheall air nas inntinniche mar thoradh air?
- Faighnich dhuibh ciamar a dh'fhaodadh e a bhith na b' fheàrr dhan àrainneachd – pannalan grèine? Barrachd iom-dhealachadh (insulation)? Muileann gaoithe? Agus mar sin air adhart.

Moladh airson ceangal gus gluasad air adhart ris na h-ath ghnìomhan “va-nis, tha sinn a' dol a thilleadh gu [àite na bùth-obrach] far a bheil sinn a' dol a bhruidhinn air na ceistean againn mu na togalaichean ionadail. An uair sin, smaoinichidh sinn còmhla air mar a b'urrainn dhuinn na togalaichean seo atharrachadh gus feumalachd sa choimhearsnachd a choileanadh, no gus am bi iad nas inntinniche agus nas fheàrr dhan àrainneachd”



3

## (Ath) Dealbhadh (ainm-àite)

Tha an gnìomh seo air a dhèanamh suas de sheisean sgeidse is collage far am bi com-pàirtichean a' moladh atharrachaidhean a dh'fhaodadh a bhith air an dèanamh air an àrainneachd thogte ionadail.



MIONAIDEAN

Rach air ais dhan àite far a bheilear a' cumail na bùth-obrach agus thoir seachad beagan tìde a' bruidhinn air ceistean nan com-pàirtichean. Is dòcha gum bi cuid de na com-pàirtichean comasach air freagairtean a chur air adhart airson ceistean aig daoine eile, a' cruthachadh cothrom airson eòlas a cho-roinn eadar co-aisean. Comharraich cuid de na prìomh chuspairean bho na ceistean, a' cur fòcas air ceist sam bith a tha ceangailte ris na cuspairean feumalachdan coimhearsnachd agus/neo seasmhachd.

### Moladh airson dòigh gus an gnìomh a thòiseachadh

"A-nis tha sinn a' dol a dh'fhaicinn nas urrainn dhùinn cur ris na togalaichean againn gus am bi coltas nas inntinniche orra, gum bi iad nas fheàrr dhan àrainneachd, nas fhasa a chleachdadh agus nas ruigsinniche dhan a h-uile duine no nas fhreagarraiche airson beatha na coimhearsnachd. A-nis, tha sinn a' dol a thoirt dealbhan mòra dhuibh de na togalaichean air an robh sinn a' coimhead - tagh togalach agus smaoinich mar a dh'atharraicheadh tu e. Dh'fhaodadh gum bi sibh airson cuid de na sgeadachaidhean bho na dealbhan agus sgeidsichean agaibh a chur ris. No dh'fhaodadh sibh togalach gu tur ùr a dhealbhadh dhan sgìre. Dèan nòtaichean air an dealbh air carson a tha thu a' dèanamh na tha thu a' dèanamh, a' smaoinichadh mu na ceistean a tha sinn air a bhith a' deasbad."

Sgaoil stuthan ealain (pàipear dathach, glaodh, siosar, pinn-comharrachaidh, dealbhan de thogalaichean ionadail). Cùm taic ris na sgoilearan fhad 's a tha iad ag atharrachadh agus a' dealbhadh nan togalaichean aca agus dèan cinnteach gun sgrìobh iad na h-adhbharan airson nan atharrachaidhean aca air an cuid dhealbhan.

Cuir crìoch air a' gnìomh le deasbad beag le taic bhvat

### Moladh airson ceistean a dh'fhaodadh tu cur

Deagh obair a h-uile duine! Tha coltas gu math eadar-dhealaichte air [ainmean-àite] a-nis— am biodh thu toilichte nan rachadh na h-atharraichean sin vile a dhèanamh? No is dòcha dìreach cuid aca?



# Roghainnean airson diofarachadh

Gu tric feumaidh luchd-foghlaim a bhith mothachail air diofar stoidhlichean ionnsachaidh agus diofar ìrean sa chlas no sa bhuidhinn aca. Gu h-ìosal, tha sinn air roghainnean a thoirt seachad air mar a ghabhadh na gnìomhan atharrachadh gus freagairt air diofar stoidhlichean ionnsachaidh.

Fiù 's mus tòisich sibh air na gnìomhachdan, dh'fhaodadh luchd-foghlaim a' bhùth-obrach aca a dhèanamh nas ruigsinniche le bhith a' tòiseachadh le PowerPoint goirid le geàrr-chunntas de gnìomhan an latha le dealbhan de na gnìomhan a tha gu bhith ann. Bhiodh seo freagarrachd an dà chuid do luchd-ionnsachaidh lèirsinneach leis na faclan is dealbhan agus do luchd-ionnsachaidh claisneach tro bhith a' toirt seachad òraid bheag. Còmhla ris a' PhowerPoint, dh'fhaodadh tu eisimpleirean crìochnaichte a shealltainn den obair a nithear anns a' ghnìomh. Dh'fhaodadh tu an obair a sgaoileadh tron chlas gus an dèanadh luchd-ionnsachaidh beantainneach feum oirre. Tha a bhith a' mìneachadh na tha sibh an dùil dèanamh gu soilleir cuideachd na dheagh chleachdadh airson a bhith ag obair le daoine le òtasam.

1

## Dè dh'fhàgas an t-àite seo àraidh?

Tha an gnìomh seo stèidhichte air deasbad le taic, a bhios freagarrach airson luchd-ionnsachaidh claisneach, a bhios ag ionnsachadh gu furasta tro bhith ag èisteachd ri òraidean agus còmhraidhean. Mar phàirt den gnìomhachd, bithear a' cur nòtaichean steigeach air mapa, rudeigin a tha math airson luchd-ionnsachaidh bodhaig-kinaesthetic agus luchd-ionnsachaidh beantainneach. Gus an gnìomh a dhèanamh nas ruigsinniche agus gus frithealadh air sgoilearan a bhios ag ionnsachadh ann an de dhiofar dhòighean, dh'fhaodadh luchd-foghlaim na h-atharrachaidhean a leanas a dhèanamh a rèir nan sgoilearan no na buidhne aca.

### Airson luchd-ionnsachaidh lèirsinneach

Dh'fhaodadh tu na prìomh phuingean còmhraidh a liostadh air a' bhòrd

### Airson luchd-ionnsachaidh beantainneach

Dh'fhaodadh tu dealbhan de thogalaichean a sgaoileadh dhan chlas

2

## A' cur fòcas air an rud air a bheil sinn eòlach

Tha an gnìomh seo freagarrach airson iomadh diofar stoidhle ionnsachaidh. Bidh na deasbadaan am measg buill buidhne freagarrach airson luchd-ionnsachaidh claisneach. Bidh luchd-ionnsachaidh lèirsinneach a' gabhail ris an àrainneachd agus ri rudan timcheall orra. Bidh luchd-ionnsachaidh bodhaig-kinaesthetic a' gabhail pàirt sa choimhearsnachd ionadail aca tro gnìomhachd chorpóra agus a bhith a' gluasad troimhpe. Bidh luchd-ionnsachaidh beantainneach a' gabhail pàirt san àrainneachd thogte tro bhith a' dèanamh sgeidsichean agus rubaigeidhean.

## (Ath) Dealbhadh (ainm-àite)

Tha an gnìomh seo gu math freagarrach airson luchd-ionnsachaidh lèirsinneach agus luchd-ionnsachaidh beantainneach: Bidh luchd-ionnsachaidh lèirsinneach a' dol an sàs anns a' chothrom gus dealbhadh spàsail fhaicinn nan inntinn agus bidh luchd-ionnsachaidh beantainneach a' dol an sàs anns a' phròiseas fhiosaigeach gus na h-atharrachaidhean air an togalach a sgeidseadh.

### Airson luchd-ionnsachaidh claisneach

Rach air ais dhan bhuidhinn mhòir aig an deireadh airson deasbad mun dealbhadh aig gach duine.

### Airson luchd-ionnsachaidh bodhaig-kinaesthetic

Cuir an dealbh aig a h-vile duine air a' bhalla agus iarr air a' bhuidhinn a dhol timcheall an t-seòmair, a' coimhead air gach dealbhadh agus a' cur beachd ri taobh gach dealbhadh le nòta steigeach.

## Beachdan airson nan ath-cheuman agus goireasan a bharrachd

### Cruinnich obraichean-ealain nan sgoilearan agad agus cuir taisbeanadh air dòigh!

- Beachdaich air com-pàirteachas a chur air dòigh le ionad cultarach ionadail gus an taisbean iad an taisbeanadh agaibh, no cuir an obair ealain agaibh suas anns an t-seòmair-teagaisg agaibh no ann an àite eile anns an sgoile.
- Thoir cuireadh do chlasaichean eile a thighinn ann. Cuiridh seo ris na builean airson Slàinte agus Sunnd tro shòisealachadh agus sgaoilidh e deasbad mu dualchas togte ionadail tron sgoil.

### Cruthaich cailèideasgopan

- Brosnaichidh seo sgoilearan a bhith a' dol a-mach agus a' gabhail ris an àrainneachd thogte ionadail aca ann an dòigh eadar-dhealaichte.
- Gheibhear stiùireadh mu bhith a' togail cailèideasgop sìmplidh an seo: [buggyandbuddy.com/science-for-kids-how-to-make-a-kaleidoscope](http://buggyandbuddy.com/science-for-kids-how-to-make-a-kaleidoscope)
- Cuiridh seo ris na cothroman agus builean ionnsachaidh sa Churraicealam airson Sàr-mhathais gus am bi e a' gabhail a-steach an fheadhainn ann an teicneòlasan cuideachd.

## Cleachd am pasgan foghlaim A' Togail nan Eilean

- Chaidh am pasgan seo a chur ri chèile leis An Lanntair agus Buidheann Ailtireachd nan Eilean Siar gus taic a chur ri Fèis na h-Ailtireachd RIAS 2016. Tha 9 gnìomhachdan ann a tha ag amas air aire dhaoine a tharraing mu cho cudromach is a tha ailtireachd air feadh nan Eilean Siar.
- Gheibhear am pasgan an seo:  
[lanntair.com/creative-programme/building-our-islands](http://lanntair.com/creative-programme/building-our-islands)

## Grabh pàirt anns a' cho-fharpais togail dhealbhan An t-Àite Agam aig Urras Catharra na h-Alba

- Tha co-fharpais An t-Àite Agam na co-fharpais togail-dhealbhan air feadh na h-Alba airson clann aois-sgoile a tha a' brosnachadh òigridh gus ionnsachadh mun àrainneachd thogte aca ann an dòigh chruthachail. Tha e saor is an-asgaidh pàirt a ghabhail ann agus thèid gach inntear a shealltainn ann an taisbeanadh.
- Brosnaichidh seo sgoilearan a bhith a' dol a-mach agus a' gabhail ris an àrainneachd thogte ionadail aca ann an dòigh eadar-dhealaichte.
- Cuiridh seo ris na cothroman agus builean ionnsachaidh sa Churraicealam airson Sàr-mhathais gus am bi e a' gabhail a-steach an fheadhainn ann an teicneòlasan cuideachd.
- Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun cho-fharpais agus mu na cinn-latha an seo: [www.scottishcivictrust.org.uk/my-place-photography](http://www.scottishcivictrust.org.uk/my-place-photography)

## Grabh pàirt ann an Latha nan Dorsan Fosgailte

- 'S e Latha nan Dorsan Fosgailte an fhèis shaor as motha ann an Alba a bhios a' comharrachadh cultar, dualchas agus an àrainneachd thogte. Bidh Latha nan Dorsan Fosgailte a' toirt cothrom an-asgaidh air còrr is mìle àite air feadh nan 32 sgìre comhairle ann an Alba tron t-Sultain.
- Gheibhear barrachd fiosrachaidh an seo: [www.doorsopendays.org.uk/about](http://www.doorsopendays.org.uk/about)

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu àrainneachd togte na h-Alba air na làraichean-lìn seo cuideachd:

Ailtireachd agus Dealbhadh Alba [www.ads.org.uk](http://www.ads.org.uk)

Taic Planaidh Alba [www.pas.org.uk/localplaceplans](http://www.pas.org.uk/localplaceplans)


### Scottish Civic Trust

 [www.scottishcivictrust.org.uk](http://www.scottishcivictrust.org.uk)

 @scottishcivictrust

  @scotcivictrust

### Doors Open Days

 [www.doorsopendays.org.uk](http://www.doorsopendays.org.uk)

 @dodscotland

 @doorsopendays

 @doorsopendaysscotland


### Designed by Rachel Mayes

 [www.designbymayes.com](http://www.designbymayes.com)

 @designbymayes

### Illustrated by Saffron Russell

 [www.saffronrussell.co.uk](http://www.saffronrussell.co.uk)

 @saffronrussellillustration